

# N5

Nàiseanta 5  
Obair-Cùrsa  
Gnìomh Measadh



## Cruinn-eòlas Nàiseanta 5 Obair shònraichte Gnìomh Measadh

**Dligheach bho sheisean 2025-26 gus an toirear brath a bharrachd.**

An t-eagran seo: An t-Sultain 2025 (dreach 3.2)

Faodar am fiosrachadh san fhoillseachan seo ath-riochdachadh mar thaic do theisteanasan SQA a-mhàin. Chan fhaod a bhith air ath-riochdachadh airson adhbharan malairt no malairteach. 'S ann airson cleachdadh le luchd-teagaisg is òraidichean a tha an t-susbaint seo.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2012, 2019, 2024, 2025

# Clàr-innse

Ro-ràdh	1
Stiùireadh do thidsearan is òraidichean	2
Stiùireadh air comharrachadh	3
Stiùireadh nan oileanach	8

# Ro-ràdh

Tha an sgrìobhainn seo a' toirt stiùireadh do thidsearan is òraidichean, stiùireadh air comharrachadh agus stiùireadh do thagraichean airson na h-obrach shònraichte airson Cruinn-eòlas Nàiseanta 5. Feumar a leughadh còmhla ris an t-sònrachadh-chùrsa.

Tha an obair shònraichte seo luach 20 comharra. Tha na comharran a' cur ri 20% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa.

Is e seo aon de dhà cho-phàirt airson measadh a' chùrsa. Is e pàipear cheistean a tha sa cho-phàirt eile.

# Stiùireadh do thidsearan is òraidichean

## Stòrasan sònraichte rin toirt a-steach don mheasadh: Fiosrachadh Ullaichte

Rè na h-ìre mu dheireadh de thoradh fianais, bu chòir gu bheil cothrom aig tagraichean air an Fhiosrachadh Ullaichte aca a-mhàin. Bu chòir gu bheil am Fiosrachadh Ullaichte seo a' toirt suas gu dà dhuilleag shingilte A4 no aon duilleag shingilte de phàipear A3. Bu chòir do thagraichean am Fiosrachadh Ullaichte seo a ghiullachd, no nòtaichean a chur ris no soillsichear a chur air, rè ìre an rannsachaidh, mus ruig iad ìre toradh na fianaise. Feumar am Fiosrachadh Ullaichte seo a chur gu SQA còmhla ri fianais an tagraiche.

Bu chòir gu bheil am Fiosrachadh Ullaichte a' nochdadh fianais de phrìomh rannsachadh agus/no iar-rannsachadh a chaidh a dhèanamh leis an tagraiche.

Faodaidh Fiosrachadh Ullaichte gabhail a-steach:

- ◆ fianais a chaidh a thional rè obair-làraich
- ◆ dàta staitistigeach, grafaigeach no àireamhach
- ◆ toraidhean suirbhidhe
- ◆ fiosrachadh a chaidh a thional bho agallamhan is ceisteachain
- ◆ liosta de thoraidhean bho einnsean-luirg eadar-lìn
- ◆ alt no às-earrannan bho phàipear-naidheachd
- ◆ nòtaichean air an gabhail bho chuairt no òraid
- ◆ nòtaichean air an gabhail bho thùs sgrìobhte no lèir-chlaisneach

Cha bu chòir am Fiosrachadh Ullaichte gabhail a-steach dreach dhen aithisg-obrach, ann an cruth sam bith, mar eisimpleir, còd no cànan eile. Tha cleachdadh cuibhrichte de dhealbhan, mapaichean-inntinn agus samhlaidhean ceadaichte mar bhrosnachadh, ach chan eil e freagarrach an cleachdadh mar dhreach còdaichte dhen aithisg-obrach.

Faodaidh tidsearan is òraidichean comhairle a thoirt do thagraichean air fiosrachadh a bhiodh iomchaidh airson na h-obrach sònraichte aig ìre Nàiseanta 5.

Chan eilear a' comharrachadh an Fhiosrachaidh Ullaichte, ach feumaidh tagraichean iomradh a dhèanamh air sna tuairisgeulan is mineachaidhean air toraidhean an rannsachaidh aca gus comharran iomlan a chosnadh. Mura bheil tagraiche a' cur a-steach Fiosrachadh Ullaichte, bithear a' toirt peanas de 4 comharran a-mach à iomlan de 20.

Tha ìre toradh na fianaise a' tachairt fo ìre àrd de dh'aireachas is smachd, agus faodar a coileanadh le bhith a' cleachdadh na teamplaid a thugadh seachad airson aithrisean, no pàipear bàn.

## Teamplaidean

Tha teamplaidean Aithris agus Fiosrachadh Ullaichte rim faotainn airson luchdadh a-nuas ann an cruth Word airson coileanadh gu h-eileagtronaigeach.

# Stiùireadh air comharrachadh

Ann an co-rèir ri cleachdadh àbhaisteach an SQA, tha an stiùireadh air comharrachadh a leanas ga sheòladh ris an neach-cheartachaidh. Bidh seo cuideachail mar an ceudna dhaibhsan a tha ag ullachadh thagraichean airson measadh cùrsa.

Bidh fianais thagraichean ga cur a-steach chun an SQA airson comharrachadh bhon taobh a-muigh.

## Prionnsapalan coitcheann air comharrachadh

Thathar a' toirt seachad am fiosrachadh seo airson ur cuideachadh ann a bhith a' tuigsinn nam prionnsapalan coitcheann a dh'fheumar cur an gnìomh nuair a thathar a' comharrachadh freagairtean thagraichean don obair shònraichte seo. Feumar na prionnsapalan seo a leughadh còmhla ris an stiùireadh mhionaideach air comharrachadh, a tha ag ainmeachadh nam prìomh fheartan a tha riatanach ann am freagairtean thagraichean.

- a Feumar comharran airson gach freagairt a bhuileachadh **an-còmhnaidh** a rèir nam prionnsapalan coitcheann air comharrachadh seo agus an stiùiridh mhionaidich airson a' mheasaidh seo.
- b Bu chòir gum bi an comharrachadh dearbhach an-còmhnaidh. Tha seo a' ciallachadh, airson gach freagairt bho thagraiche, gum bithear a' cruinneachadh chomharran far a bheilear a' taisbeanadh sgilean, eòlas is tuigse a tha buntainneach: chan eilear a' toirt chomharran air falbh bho shùim iomlan airson mhearachdan no dearmadan.
- c Far nach eil freagairt tagraiche a' tighinn, a rèir coltais, fo na prionnsapalan no fon stiùireadh mhionaideach air comharrachadh, agus ma tha mì-chinnt ann air mar bu chòir a mheasadh, feumar comhairle iarraidh bho stiùireadair an sgioba.

Thathar a' buileachadh chomharran do thagraichean airson sgilean, eòlas is tuigse sònraichte a thaisbeanadh ann a bhith a' cruthachadh aithris, mar a leanas:

- A A' toirt tuairisgeul air dà mhodh rannsachaidh a chaidh a chleachdadh gus fiosrachadh mun chupsair no cùis a thional**
- ◆ Faodaidh tagraichean comharran a chosnadh ann an grunn dhòighean suas gu 6 comharran aig a' char as motha.
  - ◆ Builich 4 comharran aig a' char as motha airson aon mhodh sam bith.
  - ◆ Airson chomharran iomlan, feumar iomradh a dhèanamh air dà mhodh rannsachaidh.

- B A' toirt tuairisgeul air agus a' mìneachadh, le bhith a' toirt iomradh air Fiosrachadh Ullaichte, toraidhean mu chuspair no cùis, agus a' ruigsinn co-dhùnadh aig a bheil taic làidir.**
- ◆ Faodaidh tagraichean comharran a chosnadh ann an grunn dhòighean suas gu 14 comharran aig a' char as motha.
  - ◆ Builich 3 comharran aig a' char as motha airson tuairisgeulan, agus an còrr de na comharran airson mhìneachaidhean is co-dhùnaidhean a tha a' dèanamh deagh phuing.
  - ◆ Faodaidh tagraichean na 14 comharran uile a chosnadh airson phuingean mìneachail is puingeann co-dhùnaidh.
  - ◆ Is e Fiosrachadh Ullaichte an fhianais a tha tagraichean air tional rè ìre an rannsachaidh airson na h-obrach sònraichte. Mura bheil iad a' dèanamh iomradh air an Fhiosrachadh Ullaichte seo san tuairisgeulan is mìneachaidhean aca, no mura bheil Fiosrachadh Ullaichte air a thoirt seachad, chan fhaod iad ach suas gu 10 comharran aig a' char as motha a chosnadh airson pàirt B.
  - ◆ Builich comharran a rèir na h-ìre de mhion-fhiosrachadh a thathar a' toirt seachad, càileachd nan tuairisgeulan is mìneachaidhean nam prìomh thoraidhean, agus iomraidhean air an Fhiosrachadh Ullaichte a chaidh a chleachdadh rè a' mheasaidh.
  - ◆ Na builich comharran airson lethbhreacan dìreach bhon Fhiosrachadh Ullaichte.
  - ◆ Builich comharran airson eadar-mhìneachadh, mìneachadh agus anailis mionaideach air na prìomh thoraidhean.

## Stiùireadh mionaideach air comharrachadh

1	Stiùireadh air comharrachadh	Comharra às àirde	Stiùireadh a bharrachd
1A	<p><b>A' toirt tuairisgeul air dà mhodh rannsachaidh a chaidh a chleachdadh gus fiosrachadh mun chupsair no cùis a thional</b></p> <p>Faodaidh tagraichean comharran a chosnadh ann an grunn dhòighean suas gu <b>6 comharran aig a' char as motha.</b></p> <p>Airson chomharran iomlan, feumaidh tagraichean tuairisgeul a thoirt air dà mhodh rannsachaidh.</p> <p>Builich <b>4 comharran aig a' char as motha</b> airson aon mhodh rannsachaidh sam bith.</p> <p>Builich comharran a rèir:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ iomchaidheachd a' mhodh rannsachaidh</li> <li>◆ na h-ìre de mhion-fhiosrachadh is leasachadh</li> </ul> <p>Ma thathar a' toirt tuairisgeul air barrachd is dà mhodh rannsachaidh, comharraich iad uile agus builich comharran airson an dà as àirde.</p>	6	<p>Freagairt sampail:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ Chuir mi air dòigh suirbhidh trafaig (<b>1 chomharra, dòigh-obrach</b>), a chionn 's gun robh mi a' rannsachadh dòighean gus piseach a chur air prìomh làrach nam bùithtean sa bhaile (<b>1 chomharra</b>). Chaidh an suirbhidh a dhèanamh aig caochladh phuingean air Prìomh Shràid aig diofar amannan den latha (<b>1 chomharra</b>) gus faighinn a-mach cuin a bha an trafaig trom agus cuin a bha i socair (<b>1 chomharra</b>).</li> </ul> <p>A bharrachd air sin, rinn mi agallamh le luchd-coiseachd (<b>1 chomharra, dòigh-obrach</b>) air Prìomh Shràid gus na beachdan aca fhaighinn air duilgheadasan trafaig agus na fuasglaidhean aca (<b>1 chomharra</b>). Chuir mi ceistean orra leithid an robh iomagain orra mun trafaig air Prìomh Shràid (<b>1 chomharra</b>). Gus na toraidhean agam a dhèanamh nas fheàrr, dh'fhaodainn bruidhinn ri barrachd dhaoine gus raon nas fharsainge de dh'fhuasglaidhean fhaighinn (<b>1 chomharra</b>).</p> <p>Fhuair an fhreagairt seo 2 chomharra airson comharrachadh nan dòighean-obrach a chaidh a chleachdadh, agus fhuair eadh 6 comharran a bharrachd a bha comasach airson tuairisgeul a thoirt air mar a chaidh na dòighean-obrach a chleachdadh. Leis gu bheil 6 comharran aig a' char as motha rim faotainn airson na h-earrainn seo, fhuair an fhreagairt seo comharran iomlan.</p>

1	Stiùireadh air comharrachadh	Comharra às àirde	Stiùireadh a bharrachd
1B	<p>A' toirt tuairisgeul air agus a' mìneachadh, le bhith a' toirt iomradh air Fiosrachadh Ullaichte, toraidhean mu chuspair no cùis.</p> <p>A' ruigsinn co-dhùnadh aig a bheil taic làidir.</p> <p>Faodaidh tagraichean comharran a chosnadh ann an grunn dhòighean suas gu <b>14 comharran aig a' char as motha</b>, ach bu chòir 0 comharran a bhith air am buileachadh airson lethbhreacan dìreach às an Fhiosrachadh Ullaichte.</p> <p>Builich <b>3 comharran aig a' char as motha</b> airson tuairisgeul, agus builich an còrr de na comharran airson mhìneachaidhean is co-dhùnaidhean a tha a' dèanamh deagh phuing. Faodar 14 comharran a bhuileachadh do thagraichean airson mhìneachaidhean is co-dhùnaidhean.</p> <p>Airson chomharran iomlan, feumaidh tagraichean iomradh a dhèanamh air Fiosrachadh Ullaichte.</p> <p>Mura bheil tagraichean a' dèanamh iomradh air Fiosrachadh Ullaichte anns na tuairisgeulan agus na mìneachaidhean aca, no mura gabhar Fiosrachadh Ullaichte sam bith a-steach, builich <b>suas gu 10 comharran aig a' char as motha</b>.</p>	14	<p>Freagairt sampail:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ Tha an àireamh de charbadan air Prìomh Shràid diofraichte aig diofar amannan an latha (<b>1 chomharra, tuairisgeul</b>).</li> </ul> <p>Tha Diagram A a' sealltainn gun robh an sruth trafaig as àirde a' tachairt eadar 5f agus 6f (<b>1 chomharra, tuairisgeul</b>) agus gun robh an t-àm as socaire ann rè an latha eader 9m agus 10m (<b>1 chomharra, tuairisgeul</b>); bha sruthan trafaig a' caochladh eadar 250 carbadan gach uair a thìde sìos gu dìreach 75 carbadan gach uair a thìde (<b>1 chomharra, tuairisgeul</b>). Sheall na h-agallamhan le luchd-coiseachd (Diagram B) gun robh ìrean trafaig air Prìomh Shràid nan cùis-iomagain dhaibh uile cha mhòr (96%) (<b>1 chomharra, tuairisgeul</b>), agus thuir barrachd is 75% dhiubh gun robh iomagain orra mu ìrean truailleadh adhair (<b>1 chomharra, tuairisgeul</b>); thuir a' mhòr-chuid de luchd-coiseachd (58%) gun do chleachd iad còmhdhail phoblach gus faighinn a-staigh gu meadhan a' bhaile (<b>1 chomharra, tuairisgeul</b>) agus thuir 34% gun do dhràibh iad a-steach don mheadhan. Cha tuirt ach cairteal de na daoine a dhràibh a-steach don mheadhan gun robh iad deònach còmhdhail phoblach a chleachdadh seach dràibheadh (<b>1 chomharra, tuairisgeul</b>).</p> <p>Cha tuirt ach 2% de na daoine leis an do rinn mi agallamh gun robh iad air tighinn gu meadhan a' bhaile air baidhsagal (<b>1 chomharra, tuairisgeul</b>) agus thuir cha mhòr a h-uile gin dhiubh gun robh iomagain orra mu shàbhailteachd rathaidean (<b>1 chomharra, tuairisgeul</b>), rud a dh'fhaodas a bhith mar thoradh air ìrean trafaig (<b>1 chomharra, mìneachadh</b>). Thuir barrachd is an dàrna leth de na daoine leis an do rinn mi agallamh gun robh iad den bheachd gum bu chòir Prìomh Shràid a bhith na àrainn choisichean (<b>1 chomharra, tuairisgeul</b>) agus thuir 36% gun robh iad den bheachd gum bu chòir dhi a bhith air a cuingealachadh do bhusaichean is baidhsagalan a-mhàin (<b>1 chomharra, tuairisgeul</b>).</p>

1	Stiùireadh air comharrachadh	Comharra às àirde	Stiùireadh a bharrachd
1B	<p>Builich 0 comharran airson lethbreac dìreach a dhèanamh à Fiosrachadh Ullaichte.</p> <p>Builich comharran a rèir:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ na h-ìre de mhion-fhiosrachadh is leasachadh nan tuairisgeulan is mìneachaidhean air na prìomh thoraidhean</li> <li>◆ dè cho èifeachdach is a tha Fiosrachadh Ullaichte ga chleachdadh</li> <li>◆ pongalachd is càileachd nan tuairisgeulan is mìneachaidhean sna h-aithrisean co-dhùnaidh</li> <li>◆ dè cho èifeachdach 's a tha an co-dhùnadh a' faighinn taic bho Fhiosrachadh Ullaichte</li> <li>◆ dè cho soilleir 's a tha puingeann co-dhùnaidh gan ceangal ri toraidhean</li> </ul>		<p>Sheall toraidhean nan agallamhan gu bheil mòran dhaoine den bheachd gum bu chòir don chomhairle rudeigin a dhèanamh gus piseach a thoirt air an t-suidheachadh (<b>1 chomharra, tuairisgeul</b>); tha mise den bheachd gum bu chòir a h-atharrachadh gu àrainn-choisichean, am fuasgladh a b'fheàrr leis an t-sluagh a rèir na suirbhidhe (<b>0 comharran, puing ath-aithriste</b>), cho luath 's a ghabhas, oir bhiodh seo a' cuideachadh gus Prìomh Shràid a dhèanamh nas sàbhailte (<b>1 chomharra, mìneachadh</b>).</p> <p>Tha an t-àm as trainge air Prìomh Shràid a' tachairt eadar 5f agus 6f (<b>0 comharran, puing ath-aithriste</b>). Is dòcha gu bheil seo air sàilleibh gu bheil daoine a' tilleadh dhachaigh bho obair rè na h-ùine seo (<b>1 chomharra, mìneachadh</b>). Bha an t-àm seo a' co-fhreagairt ris an àireamh as àirde de charbadan air an clàradh san t-suirbhidh, a chionn 's gur e a' phrìomh shlighe bhon àrd-sgìre-ghnothachais (<b>1 chomharra, mìneachadh</b>). Tha an t-àm as socaire air Prìomh Shràid a' tachairt eadar 9m agus 10m (<b>0 comharran, puing ath-aithriste</b>) a chionn 's gu bheil a' mhòr-chuid de dhaoine aig obair san àm seo (<b>1 chomharra, mìneachadh</b>).</p> <p>Chaidh 14 comharran a riarachadh don fhreagairt seo airson tuairisgeul agus 5 comharran airson mìneachadh. Is e an àireamh as motha as urrainnear a bhuileachadh airson tuairisgeul san earrann seo 3 comharran, agus mar sin tha an fhreagairt seo a' faighinn 8 comharran.</p> <p><b>Comharra iomlan air a duaiseachadh 14/20</b></p>

# Stiùireadh nan oileanach

Tha am measadh seo airson na h-obair shònraichte airson Cruinn-eòlas Nàiseanta 5.

Tha luach 20 comharra san obair shònraichte seo. Tha na comharran a' dèanamh 20% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa.

Tha dà cheum anns a' mheasadh:

- ◆ rannsachadh
- ◆ measadh: a' sgrìobhadh aithisg, fo chumhachan deuchainn, leis an fhiosrachadh a gheibh thu a-mach

'S e amas a' mheasaidh seo cothrom a thoirt dhut do sgilean, d' eòlas agus do thuigse a nochdadh agus tu a' freagairt ceist no cuspair cruinn-eòlais a thaghas tu fhèin. Dh'fhaodadh seo a bhith co-cheangailte ri cuspair a rannsaich thu sa chlas, ach faodaidh tu cuspair no ceist iomchaidh sam bith a thaghadh.

Tha an obair a' measadh nan sgilean a leanas, eòlas agus tuigse:

- ◆ cuspair no ceist iomchaidh ann an cruinn-eòlas a thaghadh
- ◆ fiosrachadh a chruinneachadh bho bheagan stòran fiosrachaidh
- ◆ am fiosrachadh a chruinnich thu ullachadh, a' cleachdadh sgilean/dòighean cruinn-eòlais
- ◆ eòlas agus tuigse a chleachdadh gus na prìomh fheartan aig a' chuspair no a' cheist a mhìneachadh agus a mhion-sgrùdadh
- ◆ co-dhùnadh aig a bheil deagh thaic a ruighinn, le fianais mun chuspair no mun cheist a chaidh a rannsachadh na chois

Feumaidh tu aithisg a sgrìobhadh mun rannsachadh a rinn thu agus na fhuair thu a-mach. Feumaidh tu an aithisg a sgrìobhadh ann an uair a thìde. Faodaidh seo a bhith rè ùine leantainneach no air a roinn thairis air grunn leasain.

Ma bhios an aithisg agad air a dheasachadh thairis air grunn leasain, cumaidh an tidsear no òraidiche an obair agad agus ga stòradh gu tèarainte eadar leasan.

Bidh thu ga dhèanamh leat fhèin ann an sealladh an tidseir no an òraidiche. Chan eil cead aig an tidsear do chuideachadh a' sgrìobhadh na h-aithisg. Cha bu chòir dhut bruidhinn ri tagraiche sam bith eile.

Ma bhios an aithisg agad air a pròiseasadh air coimpiutair, feumaidh an t-ionad dèanamh cinnteach nach faigh thu air an eadar-lìon no gu faidhlichean sam bith eile (air dràibhean cruaidh no ann an stòr ghluasadach sam bith).

Bidh cead agad sùil a thoirt air Fiosrachadh Ullaichte, a chruinnich thu an lùib an rannsachaidh, nuair a bhios tu a' sgrìobhadh na h-aithisg. Cha bu chòir dhan Fhiosrachadh Ullaichte seo a bhith nas fhaide na dà dhuilleig A4 le sgrìobhadh

air aon taobh no aon taobh de dhuilleag A3. Cuiridh tu am Fiosrachadh Ullaichte seo gu SQA còmhla ris an aithisg airson a chomharrachadh. Mura cuir oileanach Fiosrachadh Ullaichte a-steach, thèid peanas 4 comharra a-mach à 20 comharra a chur an sàs.

Innsidh an tidsear no òraidiche agad mar a thèid am measadh a chur an gnìomh, agus mu chumhachan riatanach sam bith airson a dhèanamh.

## **A' taghaidh cuspair no ceist fhreagarrach cruinn-eòlasach**

Bu chòir dhan chuspair no dhan cheist cruinn-eòlais a thaghas tu leigeil leat:

- ◆ rannsachadh a dhèanamh air ceist cruinn-eòlasach
- ◆ fiosrachadh a chruinneachadh ann an dà dhòigh eadar-dhealaichte

Bidh taghadh gu math farsaing agad de chuspairean a dh'fhaodadh tu a rannsachadh. Faodaidh tu rudeigin air na rinn thu sgrùdadh sa chlas a rannsachadh, no cuspair no ceist sa bheil ùidh agad fhèin. Faodaidh e a bhith na chuspair ionadail no stèidhichte air rudeigin nas fhaide air falbh.

Leigidh cuspairean a tha math airson rannsachadh leat dàta no fiosrachadh a chruinneachadh a dh'fhaodas tu an uair sin a chur ri chèile. Leigidh seo leat tighinn gu do cho-dhùnaidhean fhèin stèidhichte air na fhuair thu a-mach. Bidh e nas fhasa aithisg mhath a sgrìobhadh air cuspair a thug dhut toraidhean soilleir, gus am bi thu air chomas beachd a thoirt air na toraidhean sin agus am mìneachadh, an àite a bhith dìreach a' sgrìobhadh mun deidhinn san fharsaingeachd.

Bhiodh e feumail nam biodh beachd glè shoilleir agad mu na nithean a tha thu a' feuchainn ri fhaighinn a-mach. Dh'fhaodadh seo a bhith ann an cruth ceist no ceistean rannsachaidh no aithris(ean) a dh'fheuchas tu ri dhearbhadh ceart no ceàrr.

Faodaidh an tidsear no òraidiche agad taic a thoirt dhut le bhith a' toirt beachd a bheil an cuspair no a' cheist a thagh thu freagarrach agus comhairle a thoirt dhut air dè cho furasta agus a tha e goireasan buntainneach a lorg mun chuspair.

## **A' cruinneachadh fiosrachadh bho co-dhiù dà stòr**

Aon uair 's gu bheil thu soilleir mun chuspair no mun cheist a tha thu a' dol a rannsachadh, faodaidh tu tòiseachadh a' cruinneachadh fiosrachadh. Cuimhnich gun cleachd thu co-dhiù dà dhòigh air fiosrachadh a chruinneachadh. Dh'fhaodadh iad sin a bhith bho bhun-stòran no bho stòran leasaichte. Tha e air leth cudromach gun cùm thu nota air a h-uile stòr a chleachdas tu.

Eisimpleirean de bhun-stòran (sin fiosrachadh tùsail a chruinnich thu fhèin):

- ◆ sgrùdaidhean
- ◆ ceisteachain/agallamhan
- ◆ litrichean/puist-dealain
- ◆ sgeidsichean a-muigh/cuairtean
- ◆ tomhasan (me side no dàta sruthadh aibhne)

Eisimpleirean de iar-stòran:

- ◆ mapaichean
- ◆ làraich-lìn
- ◆ pàipearan-naidheachd/irisean/leabhraichean
- ◆ prògraman telebhisean/bhidio/DVD/sruth didseatach
- ◆ rèidio/podcastan

## **A' cleachdadh sgilean/dòighean cruinn-eòlasach air am fiosrachadh a chruinnich thu a làimhseachadh**

Aon uair 's gu bheil thu air am fiosrachadh agad a chruinneachadh, bu chòir dhut do sgilean/dòighean cruinn-eòlasach a chleachdadh gus na fhuair thu a-mach a chur ann an òrdugh. Dh'fhaodadh gum bi thu a' cleachdadh grunn dhòighean eadar-dhealaichte a rèir an t-seòrsa rannsachaidh anns an robh thu an sàs. Dh'fhaodadh na toraidhean agad a bhith air an taisbeanadh mar:

- ◆ clàran/grafaichean
- ◆ sgeidsichean a-muigh le notaichean
- ◆ clàran-cearcaill
- ◆ mapaichean cleachdadh-fearainn
- ◆ tar-dhealbhan le notaichean
- ◆ dealbhan-camara

no measgachadh sam bith dhiubh sin.

Aig an ìre seo tha e cudromach beachdachadh air dè na toraidhean (Fiosrachadh Ullaichte) a bheir thu a-steach leat dhan mheasadh. Bu chòir dhut dà eisimpleir eadar-dhealaichte a thoirt leat de na toraidhean. Feumaidh e a bhith air chomas dhut am fiosrachadh agad a chur air aon taobh de dhà dhuilleig A4 no aon taobh de dhuilleag A3. Tha e cudromach gum bi leubail soilleir air an Fhiosrachadh Ullaichte seo, oir thèid a chur a-steach mar phàirt den mheasadh (ged nach bi am Fiosrachadh Ullaichte fhèin air a chomharrachadh idir). Faic an stiùireadh gu h-ìosal air Fiosrachadh Ullaichte.

## **A' toirt cunntas agus a' mìneachadh nam prìomh nithean a fhuair thu a-mach san rannsachadh**

Feumaidh tu cunntas agus mìneachadh a thoirt air na prìomh nithean a fhuair thu a-mach nuair a bha thu a' dèanamh an rannsachaidh.

Ma tha thu air rannsachadh math a dhèanamh, bu chòir dha na toraidhean bhon obair shònraichte agad a bhith soilleir dhut, agus 's e an obair agadsa na toraidhean a mhìneachadh cho math 's as urrainn dhut.

Airson na comharran gu lèir fhaighinn, feumaidh tu cunntas a thoirt air an Fhiosrachadh Ullaichte a thug thu a-steach dhan mheasadh (ged nach bu chòir dhut leth-bhreac de dh' earrainnean mòra de dhàta a thoirt à seo). Dh'fhaodadh tu taghadh de dh'fhiosrachadh/ firinnean/staitistigs bhon Fhiosrachadh Ullaichte a chleachdadh gus na prìomh nithean a fhuair thu a-mach a shealltainn. Bu chòir dhan chunntas agus dhan mhìneachadh agad air na prìomh nithean a fhuair thu a-mach a bhith a' ceangal gu soilleir ris a' cheist no ris a' chuspair a rannsaich thu.

## **A' dèanamh co-dhùnadh stèidhichte air nas aithne dhut mu chruinn-eòlas agus air an fhianais a chruinnich thu san rannsachadh agad**

'S e am pàirt mu dheireadh den obair shònraichte agad tighinn gu co-dhùnadh mun chuspair no mun cheist a tha thu air a bhith a' rannsachadh.

Bu chòir dhut na prìomh thoraidhean bhon rannsachadh agad a mhìneachadh no a shealltainn le bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean co-cheangailte ris na fhuair thu a-mach. Mar eisimpleir dh'fhaodadh tu:

- ◆ co-dhùnadh no moladh a dhèanamh mun chuspair no mun cheist
- ◆ na nithean a bu chudromaiche a fhuair thu a-mach san rannsachadh a mhìneachadh
- ◆ freagairtean a thoirt don cheist no na ceistean a chuir thu romhad fhèin aig toiseach an rannsachaidh
- ◆ innse a bheil an aithris leis an do thòisich thu air a dhearbhadh no nach eil

## **Fiosrachadh Ullaichte**

Faoidh tu am Fiosrachadh Ullaichte a chruinnich san rannsachadh airson na h-obair shònraichte a chleachdadh sa mheasadh. Bu chòir dhut cunntas a thoirt air an Fhiosrachadh Ullaichte seo gus taic a thoirt dhan aithisg agad, ach cha bu chòir dhut leth-bhreac a dèanamh de earrainnean mòra aiste. Chan fhaod am Fiosrachadh Ullaichte agad a bhith a' gabhail a-steach dreach dhen aithisg agad ann am Beurla, cànan eile no còd.

Gheibh thu comharran airson dè cho math 's a chleachdas tu an fhianais bhon Fhiosrachadh Ullaichte san aithisg agad.

Bi cinnteach gu bheil an fhianais a bheir thu a-steach a' sealltainn fiosrachadh bho dhà stòr eadar-dhealaichte.

Seo eisimpleirean den t-seòrsa Fiosrachadh Ullaichte a dh'fhaodas tu a thoirt a-steach:

- ◆ dealbhan-camara no sgeidsichean a-muigh air a bheil notaichean
- ◆ tar-dhealbh no map cleachdadh-fearainn air a bheil notaichean
- ◆ clàran no grafaichean a' sealltainn àireamhan mun chuspair agad no mun cheist
- ◆ eisimpleir de cheisteachan a chleachd thu gus rannsachadh a dhèanamh còmhla ri luchd-ceannach mu dhuilgheadasan le trafaig, còmhla ri fiosrachadh mun àireamh dhaoine a cheasnaich thu agus litir
- ◆ litir, le ceistean, a chuir thu gu roinn dealbhachaidh na comhairle ionadail leis a' phrìomh fhiosrachadh air a shoilleireachadh
- ◆ dealbh-sgrion le liosta de làraich-lìn a lorg thu a' cleachdadh einnsean-rannsachaidh leis an fheadhainn as buntainniche air an soilleireachadh
- ◆ artaigil bho phàipear-naidheachd, is loidhne fo na prìomh phuingean
- ◆ lethbhreacan de notaichean a rinn thu nuair a bha thu a' coimhead bhidio/prògram tbh/DVD a' buntainn ri do chuspair no ris a' cheist
- ◆ notaichean a rinn thu air a' bhlàr a-muigh

Tha e cudromach gum bi an fhianais a bheir thu a-steach don mheasadh air a h-ullachadh leat fhèin (ie gu bheil i sònraichte dhut fhèin agus nach eil thu dìreach air toraidhean a chopaigeadh bho iar-stòr gun co-dhiù notaichean air choreigin a chur riutha).

### **Ag obair còmhla ri daoine eile**

Ged a bu chòir dhut do chuspair fhèin a thaghadh airson a rannsachadh, 's dòcha gun tagh feadhainn eile sa chlas cuspair coltach ris an fhear agadsa. Dh'fhaodadh e a bhith feumail obrachadh còmhla ri feadhainn eile airson pàirt dhen tìde nuair a bhios tu a' cruinneachadh fiosrachadh.

Ma nì thu sin, tha e cudromach gum bi thu air chomas sealltainn na rinn thu fhèin airson a' phìos seo den obair shònraichte, agus gur e an obair agad fhèin a tha san Fhiosrachadh Ullaichte a bheir thu a-steach dhan mheasadh.

# Fiosrachadh rianachd

Foillsichte: An t-Sultain 2025 (dreach 3.2)

## Eachdraidh atharrachaidhean

Dreach	An t-atharrachadh	Deit
1.0	<p>Tha an sgrìobhainn seo a' dol an àite an dreach leis an deit An Sultain 2016.</p> <p>An sgrìobhainn air fhòrmatadh a rèir na teamplaid agus an stoidhle sgrìobhaidh as ùire.</p> <p>An ceudad a tha an obair shònraichte a' cur ris a' chomharra iomlan.</p> <p>Cha deach an còrr atharrachadh.</p>	An t-Sultain 2017
2.0	<p>Peanas airson nach deach Fiosrachadh Ullaichte a chur a-steach.</p>	An Dàmhair 2019
3.0	<p>Stiùireadh do thagraichean air ùrachadh gus a dheanamh soilleir gum faodar an aithisg a chrìochnachadh rè ùine leantainneach no a roinn thairis air grunn leasain.</p>	An Cèitean 2024
3.1	<p>Anns a' chlàr stiùireadh mionaideach air comharrachadh, tha an seantans a leanas anns na stiùiridhean comharrachaidh airson 1B a' leughadh a-nis:</p> <p>Mura bheil tagraichean a' dèanamh iomradh air Fiosrachadh Ullaichte anns na tuairisgeulan agus na mìneachaidhean aca, no mura gabhar Fiosrachadh Ullaichte sam bith a-steach, builich <b>suas gu 10 comharran aig a' char as motha.</b></p>	An t-Sultain 2024
3.2	<p>Chaidh earrannan 'Stiùireadh do thidsearan is òraidichean' agus 'Stiùireadh nan oileanach' ùrachadh gus soilleireachd a thoirt seachad mu Fhiosrachadh Ullaichte.</p> <p>Chaidh cruth agus rèiteachadh na sgrìobhainn atharrachadh gus ruigsinneachd a leasachadh.</p> <p><b>Dè na h-atharraichean a dh'fheumas tu a dhèanamh</b> Dèan ùrachadh air na notaichean teagaisg agad. Dèan cinnteach gu bheil tagraichean mothachail nach bu choir dreach dhen aithisg-obrach, ann an cruth sam bith, a bhith air a ghabhail a-steach anns an Fhiosrachadh Ullaichte.</p>	An t-Sultain 2025

## **Tèarainteachd agus dìomhaireachd**

Faodaidh luchd-obrach ann an ionadan air an dearbhadh le SQA an sgrìobhainn seo a chleachdadh airson nan Cùrsaichean Nàiseanta, ach chan fhaod air adhbhar sam bith eile.

## **Còraichean**

Faodar an sgrìobhainn seo ath-fhoillseachadh gu lèir no ann am pàirt airson measadh mura tèid prothaid a dhèanamh às an ath-fhoillseachadh agus ma thèid pàirt dheth ath-fhoillseachadh, gun tèid aithne a thoirt dhan stòr. Tha an t-uallach air an ionad cead fhaighinn airson nan còraichean.

Ma thèid ath-chleachdadh ann an dòigh sam bith eile gun chead, dh'fhaodadh sin a bhith an aghaidh riaghailtean nan còraichean.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2012, 2017, 2024, 2025